

## **Gairm gu Ùrnaigh: Latha na Sàbaid, 10mh dhen Fhaoilleach 2021**

### **Ùrnaigh aig 7f**

Tha sinn aig toiseach turas na bliadhna, agus tha sinn a-rithist anns an fhàsach, ann an àite anns a bheil mòran a tha teagmhach agus mì-chinnteach mun bhliadhna a tha romhpa. Tha iomadh duine a' faireachdainn gu bheil iad glaiste a-mach on bheatha àbhaisteach aca, rud a tha gam fàgail iomagaineach. Ach fiù 's ann an amannan neònach, lorgar rudan ùra, pàtrain ùra, agus tron sin, tha sinn air ar ath-nuadhachadh agus air ar dearbhadh mar chreutairean a chaidh an dealbhadh ann an ìomhaigh Dhè.

Tha Soisgeul Mharcuis a' toiseachadh ann am fàsach, agus anns an fhàsaich sin chithear ath-nuadhachadh, air a dhearbhadh ann am baisteadh, a' comharrachadh beatha ùr. Chì sinn Ìosa fhèin a' tighinn do dh'uisgeachan Abhainn Iòrdain gus am baisteadh Eòin e. Aig a' mhòmaid sin, chuala e faclan an dearbhaidh: "Is tusa mo Mhac gràdhach, leatsa tha mi fìor thoilichte." (Marcus 1: 4 - 11). Anns an fhàsach againn fhìn, tha sinn ag ùrnaigh gun lorg sinn ath-nuadhachadh, dearbhadh agus làthaireachd bheò Dhè.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè bheò,

Bi maille rinn anns an fhàsach

agus thoir dhuinn ath-nuadhachadh, dhuinne, a tha air ar dealbhachadh nad ìomhaigh fhèin.

Èist rinn, agus sinn ag èigheach ort,  
thoir freagairt dhuinn nar teanntachd.

A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,

Bi maille rinn san fhàsach

agus coinnich rinn ann an uair an àmhghair.

Èist rinn, agus sinn ag èigheach ort,  
agus slànaich an fheadhainn a tha briste.

A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.